

Sràidearachd

*. . . leis gu bheil ciaradh a teannadh. . .*

Ghréin rìoghail, ruadh-ghruaidheach, shòbhraich an latha,  
fo do shuathadh tha mo chneas air dol na chòirne  
mo dhruim na nearbh-fradhairc, mo cholann air chrith  
leth-chlaidhte fo dheàrsadh na linne òraich a thaom thu  
thar a chuain seo, 's a mhór-bhaile, 's air mo dhalladh.  
Bha rang an seo uair - 's na m' aithne gu h-àrd fhathast -  
de thaighean de shràidean, tha buntainn do bhaile eile,  
cha b' è fear seo a mhùth thu gu tur.

Ths sinn a' coiseachd taobh na cala. Soidhich  
iasgairean na h-oidhche deas airson seòladh,  
le casad nam motar, lòchrain parafain nan cinn,  
am baile air fad 's an t-sràidearachd, leannain  
an gualainn a chéile, òganaich a spaidsearachd,  
gach màthair is athair, clann ag ithe reòiteagan,  
bodaich nam faireadh aig bùird nan cafaidh cabhsair,  
is duibhre nan cnoc a' dlùthadh, beathaichean càirdeal.

Theò-speur chùbhraidh an fheasgair, brat bheann is bhàgh,  
do ghàirdean ga mo shliobadh, mar thuiteamas,  
mar shuathadh na gruagaich tha coiseachd ri m' thaobh  
le cruachainn troma, ceuman gearra, gòthadh siùbhhlach,  
dubh-ghruaig teann ri ceann, mìneachd amhaich 's ghualainn  
umha-dhonn an t-samhraidh, a sùilean ola-dhonn a' mireadh.  
Tha mi 'g a d' òl, a shoillse dhrillseanaich, mar fhion, mar fhuinn,  
mar a dh' òl a sinnsearan thu fad mhiltean bhliadhnaichean.

Mór-bhaile chìobach, Eleftheria a h-ainm,  
's ged a tha do chreuchdan mar dhùslach liath dha sùil,  
fhathast, 's an tràth seo le solas is fiaradh solais  
a' cleasachd air a h-aodann mar aithris no òran,  
a còir bho thùs a bhì coiseachd na cala seo  
mar ionnstramaid is freiceanan do shoillse,  
'g a thional ann an linneachan domhain a radharcan, agus  
dhìdhse an t-saorsa ghràdhach, dannsair a dheanamh dhìot

Fheasgair ghràdhaich, do mhìle mhillean àrsaidheachd,  
a sheinneadair shàr-shoilllear, bòidheach ris a bhean seo,  
chan urrainn dhomh gun aoradh a thoirt dhan ghàs de'n ghin  
thu am baile seo is a mhuinntir, dreach a tha

cumadh gach nì dha'm buin e, fiù's a chruinne mhór?  
Tha mi nise na do thràill, mur eil mi na m' shaoranach.  
agus dianach air d' òl gu tur, lìonainn  
gach pòir le do lannair, a saorsa

---

Richard Berengarten

eadartheangachadh le/ translated by Aonghas MacNeacail

---

**interLitQ.org**